

<b>DREUCHD</b>	<b>Òraidiche Gàidhlig (Fòrladh Màthaireil)</b>
<b>ROINN</b>	Roinn an Fhoghlaim
<b>FO STIÙIR</b>	Mark Wringe
<b>ÌRE TUARASTAIL</b>	Sgèile Nàiseanta Òraidichean Cholaistean – a’ tòiseachadh aig £40,170
<b>PRÌOMH ÀITE-OBRACH</b>	Sabhal Mòr Ostaig, An t-Eilean Sgitheanach
<b>CEANN-LATHA</b>	5.00f 11 An Dùbhlachd 2024

#### **ADHBHAR NA DREUCHD:**

A’ teagasg mhodalan àrd-ìre tro mheadhan na Gàidhlig air an làraich, agus ag eagrachadh agus ag ath-bhreithneachadh phròiseasan teagaisg, measaidh agus rianachd co-cheangailte ri prògraman fo-cheum aig Sabhal Mòr Ostaig.

#### **PRÌOMH DHLEASTANASAN**

##### **Teagasg agus Ionnsachadh**

- A’ cur gu mòr ri libhrigeadh teagaisg, stiùiridh agus measaidh, thar phrògraman fo-cheum air làrach na Colaiste.
- Rianachd cùrsa a dhèanamh, a’ cumail ri cinn-là riatanach, a’ dèanamh cinnteach gum bi fiosrachadh air a sgaoileadh gu h-èifeachdach, gu sònraichte riatanasan agus slatan-tomhais measaidh.
- A’ stèidheachadh dhòighean èifeachdach air teicneòlas ionnsachaidh a chleachdadh ann an libhrigeadh a’ chùrsa, eagrachadh a’ chùrsa, ais-bheachdan agus measadh.
- A’ cumail comhairle is taic ri oileanaich. Bidh Comhairlichean Acadaimigeach Pearsanta aig gach oileanach, agus bidh coinneamh aca leibh turas gach seimeastar.
- A’ dèanamh cinnteach gum bi dòigh-obrach in-ghabhalach agus stèidhichte air fianais ann a thaobh a bhith a’ comasachadh ionnsachadh ann an raon de chruthan aghaidh-ri-aghaidh agus a dh’fhaodadh a bhith air-loidhne leithid chlasaichean oideachaidh, òraidean agus gnìomhan stèidhichte air diofar dhòighean ionnsachaidh, a bhrosnaicheas com-pàirteachadh oileanaich agus coileanadh builean ionnsachaidh.
- A’ cruthachadh dhàimhean-obrach èifeachdach le oileanaich agus, ann an com-pàirteachas le seirbheisean oileanach, a’ dèiligeadh ri feumalachdan eadar-dhealaichte no suidheachaidhean measgaichte agus a lorg fhuasglaidhean.
- A’ gabhail os làimhe obair rianachd, mar a thèid aontachadh le Stiùiriche an Fhoghlaim.

##### **Obair Sgoileireil Eile**

- A’ cur ris an obair sgoilearachd agad fhèin agus a’ dol an sàs ann an gnìomhan leasachadh proifeasanta leantainneach mar a bhios iomchaidh.
- A’ stèidheachadh dhàimhean le luchd-ùidh air an taobh a-muigh, a’ cur ri obair is inbhe na Colaiste agus a’ taisbeanadh sàr-mhaitheas agus cothroman co-obrachaidh.

- A' cur ri àrdachadh ìomhaigh eadar-nàiseanta na Colaiste a rèir a' Phlana Ro-innleachdail.
- Dleastanasan ìomchaidh sam bith eile mar a thèid iarraidh le Stiùiriche an Fhoghlaim.

### Tachartasan

- A' frithealadh thachartasan le daoine, aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne, a chuireas ri àireamh nan oileanach, m.e., Làithean Fosgailte agus Làithean Luchd-iarrtais.
- A' gabhail pàirt ann an ìomairtean trusaidh, leithid òraidean, taisbeanaidhean is fèilltean foghlaim, agus tursan gu sgoiltean bho àm gu àm.
- A' frithealadh thachartasan a bhios a' cur ri beatha nan oileanach aig a' Cholaiste.

Seo tuairisgeul air an obair mar a tha i. Sa chumantas thèid beachdachadh air seo bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil e ìomchaidh agus gus atharrachaidhean sam bith a dhèanamh. Thèid seo a dhèanamh leis an neach-obrach agus am manaidsear aige/aice agus mar sin thathas a' sùileachadh gun gabh sibh pàirt anns na còmhraidhean seo. Tha Sabhal Mòr Ostaig ag iarraidh gun gabh cùisean aontachadh leis gach neach ach far a bheil seo do-dhèante, tha còraichean aig Sabhal Mòr Ostaig air atharrachaidhean ciallach a dhèanamh a rèir tuarastal an neach-obrach às dèidh bruidhinn ris/rithe mun chùis.

## COMASAN AN NEACH-OBRACH

Tha sinn a' sireadh Òraidiche air leth ealanta is dealasach aig a bheil eòlas aig ìre fhreagarrach a tha a' coileanadh shlatan-tomhais an tuairisgeil obrach seo, agus aig a bheil na comasan a leanas:

### Sònrachadh Pearsa

	Riathanach	Buannachdail
<b>Teisteanasan</b>	Ceum le urram ann an cuspair iomchaidh	Ceum Maighstireachd no PhD  Barantas ann an teagasg Àrd-ìre no teisteanas aithnichte le Advance HE Teisteanas Teagaisg (TQFE)
<b>Eòlas</b>	Farsaingeachd agus doimhneachd eòlais ann an cuspairean co-cheangailte ris a' Ghàidhlig no ann an teagasg Gàidhlig mar chuspair cànan  Comas dearbhte air modhan teagaisg agus ionnsachaidh  Lèirsinn a thaobh adhartais-foghlaim  Comasach air àrd-ìre creideis a thaisbeanadh am measg cho-obraichean  Taic do dh'oileanaich mar Chomhairliche Acadaimigeach Pearsanta (no coltach ris)  Cleachdte ri teagasg air-loidhne is a bhith a' cleachdadh àrainneachd ionnsachaidh air loidhne (VLE)	Comas dearbhte air modhan teagaisg cànan agus leasachadh cànan  Eòlas san fharsaingeachd air deagh-ghnè

<p><b>Comasan is Sgilean</b></p>	<p>Fileantachd sa Ghàidhlig gach cuid labhairt, leughadh agus sgrìobhadh</p> <p>Sàr sgilean teagaisg</p> <p>Comas dearbhte ann a bhith a' dealbhadh, ag ath-bhreithneachadh agus ag adhartachadh phrògraman ionnsachaidh, teagaisg agus measaidh</p> <p>Deòin a bhith a' dol an sàs ann an gnìomhan aiseig-eòlais</p> <p>Sgilean math rianachd agus comasan eagrachaidh gun stiùireadh</p> <p>Fianais gu bheilear an sàs ann an leasachadh leantainneach proifeasanta</p>	<p>Eòlas ann an leasachadh agus taisbeanadh dhòighean teagaisg is rannsachaidh agus a' dealbhadh mhodalan agus mhodhan-obrach</p> <p>Comas sgilean a nochdadh ann an Microsoft Office</p> <p>Sgilean làidir ICT airson teagaisg is ionnsachaidh</p> <p>Comasan ICT airson teagaisg air-loidhne m.e. Wordpress, Brightspace, Blackboard)</p>
<p><b>Comasan Pearsanta</b></p>	<p>Deagh sgilean eadar-phearsanta</p> <p>Sgilean conaltraidh aig a h-uile ìre</p> <p>Rianail agus gu follaiseach deiseil son deagh shaothair ann an àrainneachd thogarrach</p>	<p>Cead dràibhidh</p> <p>Deòin a bhith a' siubhal</p>

**Fiosrachadh eile:**

- Bidh sibh ag obair 35 uairean a thìde san t-seachdain (tha sinn deònach beachdachadh air iarrtasan airson obair phàirt-thìde).
- 35 làithean-saora gach bliadhna (a' gabhail a-steach làithean-saora poblach). Thathar an dùil gun cleachd sibh pàirt dhen fhòrladh bhliadhnail agaibh thairis air àm na Nollaig nuair a bhios a' Cholaiste dùinte. Tha bliadhna nan làithean-saora a' dol bho 1 Faoilleach gu 31 Dùbhlachd.
- Tha pròiseas airson measaidhean-obrach bliadhnail aig a' Cholaiste.
- Thathar an dùil gun gabh luchd-obrach pàirt ann an cùrsaichean trèanaidh riatanach agus gum bi iad deònach na sgilean aca a leasachadh tro chothroman leasachaidh proifeiseanta.
- Bidh Sabhal Mòr Ostaig a' toirt taic do luchd-obrach le bhith a' leasachadh nan sgilean Gàidhlig aca.
- Tha sgeama peinnsein aig Sabhal Mòr Ostaig le Scottish Widows agus bidh cothrom aig luchd-obrach cuideachd clàradh airson an sgeama àrachais bheatha.
- 'S e Sabhal Mòr Ostaig am prìomh àite-obrach, ach bidh agaibh ri siubhal bho àm gu àm gu coinneamhan is tachartasan. Tha sinn deònach beachdachadh air iarrtasan bho dhaoine a tha airson a bhith ag obair air astar, leis an tuigse gum bi agaibh ri tighinn dhan Cholaiste bho àm gu àm.

'S i a' Ghàidhlig cànan na Colaiste agus feumaidh e a bhith comasach dhuibh a bhith ag obair sa Ghàidhlig gach latha.

Tha cothroman trèanaidh ann gus ur cuideachadh le bhith a' toirt piseach air ur sgilean cànan.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh air Sabhal Mòr Ostaig air ar làrach-lìn. Gheibhear foirm-iarrtais bhon làrach-lìn le bhith a' tadhal air an earrainn 'A' Cholaiste' agus a' cliogadh air 'Cothroman Obrach'.

Faodar còmhradh neo-fhoirmeil a chumail leis an Dr Marsaili NicLeòid air 01471 888 302 no air post-d: [mnl1.smo@uhi.ac.uk](mailto:mnl1.smo@uhi.ac.uk).

Bu chòir dhuibh ùidh a nochdadh le mìneachadh carson a bhiodh tu freagarrach airson na dreuchd seo, le bhith a' cur fios gu Gill Morgan ro 5.00f, **11 An Dùbhlachd 2024**: [gm2.smo@uhi.ac.uk](mailto:gm2.smo@uhi.ac.uk)